


STORYWORLDS



An gille ùr




Narinder Dhami • Jamie Smith

An gille ùr



An teasa Narinder Dhami
Na dealbhan Jamie Smith
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



'S e càraid a bha ann an Seasaidh agus Iain.
Latha bha siud bha iad a' lorg Mogaidh an cat
agus chunnaic iad bhan mhòr.
An uair sin chunnaic iad gille aig a' bhan.
Bha e a' coimhead brònach.




“Seall, Iain,” thuir Seasaidh, “tha cuideigin
air a thighinn a dh'fhuireach dhan taigh ud.”
“Tugainn agus chì sinn,” ars Iain.
Dh'fhàg iad na baidhsagalan agus chaidh iad
a-null chun na bhan.



Bhruidhinn Seasaidh agus Iain ris a' ghille.
"Is mise Seasaidh agus seo Iain.
A bheil thu airson cluich còmhla rinn?"
"Chan eil," ars an gille. "Chan eil mi
ag iarraidh cluich an-dràsta."




"Tha sinne airson a bhith nar caraidean dhut,"
thuirt Seasaidh. "Chan eil mise airson a bhith
càirdeil ribhse," ars an gille.
"Tha mise ag iarraidh na caraidean a bh' agam.
Tha mi airson a dhol air ais chun an taighe a
dh'fhàg sinn."




Anns a' mhionaid sin leum Mogaidh a-nuas on bhalla agus a-steach do ghàrradh a' ghille.
"Sin Mogaidh, an cat againne," arsa Seasaidh.
"Cha toil leamsa cait," ars an gille.
"Tog a-mach às an seo e."

Thog Seasaidh Mogaidh a-mach às a' ghàrradh agus chuir i e air ais air a' bhalla.




"Tugainn, Iain. Cluichidh sinn air na baidhsagalan a-rithist," thuirt i.
"Chan fhiach na baidhsagalan agaibh," thuirt an gille.
"Tha am baidhsagal agamsa nas motha agus nas luaithe na na baidhsagalan agaibhse."



Bha Seasaidh crosta ris.

“Mar sin tha thu an dùil gun tèid thu nas luaithe na sinne,” ars ise.

“Thèid gu dearbh,” ars an gille, agus chaidh e a dh’fhaighinn a bhaidhsagail.



“Cha toil leam idir e,” ars Iain.

“Cha toil no leamsa,” arsa Seasaidh.

“Seallaidh mise dha ged-tà, gun tèid am baidhsagal agamsa nas luaithe na am fear aigesan!”



Thill an gille leis a' bhaidhsagal.
Bha e na bu mhotha na baidhsagal Seasaidh
agus bha e a' coimhead mar gun rachadh e
tòrr na bu luaithe cuideachd.




Bha Seasaidh agus Iain deiseil air na
baidhsagalan agus dh'èigh Iain
"Aon – dhà – trì – FHALBH!"

"Siuthad a Sheasaidh!"
dh'èigh Iain.




Dh'fheuch Seasaidh ri cumail suas ris a' ghille
ach bha e a' dol fada ro luath air a son.




Dìreach sa mhionaid sin leum Mogaidh
sìos far a' bhalla.
Laigh e sìos an sin agus chaidil e.



Chan fhaca Mogaidh an gille a' tighinn
air a' bhaidhsagal.
“Mo chreach-sa thàinig!” ars Iain.
“Thèid e thairis air Mogaidh.”



Sa mhionaid sin sheall an gille suas agus chunnaic e an cat na laighe san rathad air. Chuir e air na breigean agus theich Mogaidh.




Ach thuit an gille far a bhaidhsagail agus gheàrr e a ghlùin.

Ruith Seasaidh agus Iain a-null thuige.

“Bhiodh tusa air buannachd mura b’ e gun do stad thu,” ars Iain.

“Bhiodh,” ars an gille, “ach cha robh mi airson an cat a ghoirteachadh.”



“Tha mi duilich gun robh mi mosach ribh,”
thuirt an gille riutha an uair sin.

“Am bi sinn nar caraidean a-nis?”

“Carson nach bi?” arsa Seasaidh agus Iain, agus
dh’fhalbh iad còmhla a chluich air na baidhsagalan.



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Narinder Dhami 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2003 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte
air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha Narinder Dhami a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 637 6